



# ceumannan 5

## ceumannan 5

Aonad 3.4  
An Saoghal Spòrs  
Earrannan Èisteachd

## Aonad 3.4 An Saoghal Spòrs

### Earrann 1

### An cois 2. Èist

### Spòrs na Seachdain

**Crìsdean:** Feasgar math agus fàilte gu Spòrs na Seachdain còmhla riumsa, Crìsdean MacCarraig agus Fionnghal Ghrannnd. Anns an uair a thìde a tha romhainn, bidh sinn a' toirt sùil air farpais rugbaidh nan Sia Dùthchannan agus sgioba na h-Alba a' cluich an aghaidh na h-Eadailt an-diugh. Bidh sinn cuideachd a' coimhead air adhart ri seusan ùr na h-ìomain agus Sgioba Camanachd an Eilean Sgitheanaich a' cluich Baile Ùr an t-Slèibh ann am Port Rìgh. Thèid sinn cuideachd a Steòrnabhadh gu Fèis Ball-basgaid nan Eilean Siar agus gu farpais mhòr ball-coise Ameireaganach a' *Super Bowl* ann an Atlanta. Fuirichibh còmhla rinn ma tha airson na h-ath uair a thìde de spòrs is dibhearsain air *Spòrs na Seachdain*. Ach an toiseach gu ball-coise agus tha Fionnghal Ghrannnd ann an Dùn Èideann far a bheil Hearts a' cluich an aghaidh Obar Dheathain. Feasgar math, a Fhionnghal.

**Fionnghal:** Uill, gu ruige seo, chan e feasgar ro mhath a th' ann do luchd-leantainn Hearts idir, a Chrìsdein, agus iad a' call an-dràsta a dhà gu neoni aig an taigh. Leig iad tadhal a-steach anns a' chiad mhionaid agus b' ann na bu mhiosa a chaidh gnothaichean nuair a fhuair Obar Dheathain an uair sin làmh-an-uachdair le breab peanais goirid ro leth-ùine. Ach, tha leth-uair air fhàgail agus 's mathaid gun dèan balaich Hearts a' chùis fhathast.

**C:** 'S mathaid gu bheil dòchas ann dhaibh ma tha, a bheil?

**F:** 'S mathaid gu bheil, a Chrìsdein, ged nach bi e furasta do Hearts làmh-an-uachdair fhaighinn. Tha Obar Dheathain gu math làidir air an t-seusan seo agus iad san dara àite sa phrìomh lìog.

**C:** Glè mhath. Cumaidh sinn sùil air a' ghèam rè a' phrògram ach tapadh leat an-dràsta, a Fhionnghal.

**F:** Tapadh leat, a Chrìsdein.

**C:** Tillidh sinn a Dhùn Èideann ann am beagan mhionaidean a dh'fhaicinn ciamar a tha dol do sgioba rugbaidh na h-Alba agus iadsan a' cluich na h-Eadailt aig pàirc Murrayfield, ach an toiseach seo Màiri-Anna Nic a' Mhaoilein leis an aimsir.

### Earrann 2

### An cois 3a.

### B' e Calum am balach a b' àirde

- B' e Calum am balach a b' àirde anns a' chlas.
- Bha Raonaid a' faireachdainn na bu mhiosa an-dè.
- B' e Fluffag an cat a bu reaimhre a chunnaic mi riamh!
- Nuair a bha mi na b' òige, b' e nurs a bh' annam.
- Chanainn gum biodh an trèan na bu chofhurtaile na am bus.
- B' e siud an rud a bu ghòraiche a chuala mi riamh.
- B' e Tormod MacIllEathain an comaig a b' èibhinne a chunnaic mi riamh.

**Earrann 3****An cois 5a.Èist****Chaidh cluicheadair rugbaidh a leòn**

Chaidh cluicheadair rugbaidh a leòn gu dona ann an geàm aig Pàirce Murrayfield an-dè. Bha e air a leagail le cluicheadair eile. Bha a chas air a bristeadh. Chaidh an cluicheadair eile a chur far na pàirce. Chaidh an geàm a chur dheth.

**Earrann 4****an cois 5c. Èist****Thèid an sgoil a dhùnadh.**

Thèid an sgoil a dhùnadh an-diugh aig trì uairean agus bidh i dùinte fad na seachdain. Tha pìob air spreadhadh anns a' chidsin agus tha tòrr de na seòmraichean clas ann an roinn Matamataig agus Beurla air am milleadh leis an uisge. Bidh leasan Beurla agus Matamataig air an cumail anns an talla spòrs feasgar an-diugh. Ma thèid duine sam bith a ghlacadh faisg air cidsin na sgoile no ann an roinnean Beurla no Matamataig, bidh iad air am peanasachadh. Bidh clubaichean às dèidh na sgoile air an cur dheth fad na seachdain cuideachd. Thèid fios a chur gu ur pàrantan mu cuin a bhios an sgoil a' fosgladh a-rithist.

**Earrann Bhidio 1****an cois 6b.****Dhan Uisge!**

Is mise Calum MacIllEathain agus bidh mi a' snàmh a-muigh. Bidh mi a' siubhal mun cuairt a' coimhead airson nan àitichean as fheàrr. Ge b' e dè an t-àm dhen a' bhliadhna, feumaidh mi snàmh. Dhan uisge!

**Cuin a thòisich thu a' snàmh air a' bhlàr a-muigh?**

B' ann o chionn deich bliadhna a thòisich mi snàmh air a' bhlàr a-muigh. Bha mi ann an Tasmania, Astràilia agus bha mi ann am baile Hobart agus choimhead mi thairis air Abhainn Derwent. Bha beagan is cilemeatair ann. Thuir mi rium fhèin: "Saoil an tèid agam air sin a shnàmh?"

An-ath-latha, tràth sa mhadainn, san dorchadas, chaidh mi ann le deise-fhliuch agus rinn mi e! Shnàmh mi tarsainn na h-aibhne agus bha daoine a' dràibheadh a dh'obair agus a' coimhead orm mar gun robh mi às mo chiall. Ach 's e am brosnachadh agus a' mhisneachd a fhuair mi às an dùbhlàn — 's e sin a ghlac m' ùidh airson snàmh a-muigh.

**Carson a tha thu ga dhèanamh? Dè tha thu a' faighinn às?**

Tha dà phrìomh adhbhar agamsa airson a bhith a' snàmh air a' bhlàr a-muigh. Aon dhiubh sin, 's e a bhith a' snàmh ann an àitichean inntinneach, annasach agus àlainn. Agus airson sin, thèid mi suas beanntan, thèid mi sìos aibhnichean, thèid mi fiù 's fon talamh airson àitichean a lorg.

A thuilleadh air sin – 's e an togail a gheibh mi às a' chur-seachad. An dèidh dhomh snàmh ann an uisge fuar – agus ann an Alba 's e uisge fuar a th' againn, sa chumantas – tha m' eanchainn a' faireachdainn beò, tha mi sunndach agus tha mi a' faighinn faireachdainn de shaorsa às.

**Tha thu air snàmh ann an iomadach àite air feadh na dùthcha, ach dè an t-àite a b' fheàrr a chòrd riut?**

Chanainn gur e Loch a' Choire Uisge anns an Eilean Sgitheanach an t-àite a b' fheàrr a chòrd rium riann. Gheibhear sealladh de bheanntan a' Chuilthinn sìos an loch, tha an t-uisge cho soilleir agus tha eileanan ann ris am faodar snàmh. Leis gu bheil an loch faisg air ìre na mara, chan eil an t-uisge ro fhuar agus chithear fèidh mun cuairt oir na locha uaireannan.

Mar as trice cha bhi mòran dhaoine eile ann agus co-dhiù cha bhi iadsan a' snàmh! 'S e an àrainneachd a tha mun cuairt ort an sin a tha ga dhèanamh cho sònraichte.

**Dè an t-àite a a b' eagalaiche no a bu chunnartaiche anns an do shnàmh thu?**

'S e Eas Labhra faisg air a' Choingheal an t-àite a bu chunnartaiche anns an do shnàmh mi riamh. Bidh an t-eas a' nochdadh nuair a tha sàl, a tha a' lìonadh Loch Èite, a' falbh air ais a-mach gu muir. Bidh na mìltean thunnaichean de dh'uisge a' dòrtadh troimhe - ag adhbharachadh thuinn, chuartagan agus sruth air leth làidir. Tha cunnart ann gun tèid do shlaodadh sìos agus do chumail fon uisge, ach 's e snàmh a chòrd rium gu mòr, agus bha bàta-sàbhailteachd còmhla rium.

**An deach do ghoirteachadh riamh fhad 's a bha thu a' snàmh air a' bhlàr a-muigh?**

Gu fortanach cha deach mo dhroch leòn a-riamh, ach 's iomadh turas a tha mi air mo làmhan agus mo chasan a ghearradh air creagan, ach cha deach gu dona. Tha cuimhne agam aon turas bha mi a' snàmh shuas anns na beanntan anns a' gheamhradh agus bha sneachd air an talamh agus deigh air an uisge. Thug e dà uair a thìde faighinn chun an locha, agus bha mo chasan fuar fiù 's mus d' fhuair mi a-staigh. An dèidh dhomh snàmh agus coiseachd dà uair a thìde a-mach, chaill mi faireachdainn nam òrdagan airson mu shia seachdainean, agus dh'fhaodainn balla a bhreabadh gun phian sam bith. Gu fortanach, thill an fhaireachdainn!

**Dè a' chomhairle a bheireadh tu do dhaoine òga a tha airson snàmh fiadhaich fheuchainn?**

Ma tha thu airson snàmh air a' bhlàr a-muigh, tha beagan comhairle agam dhut.

- Tòisich aig àite air a bheil thu eòlach – àiteigin a tha furasta faighinn a-staigh agus a-mach às an uisge.
- Thoir cuideigin eile leat, fiù 's mura h-eil iadsan a' snàmh; faodaidh iad sùil a chumail ort agus cuideachadh a thoirt dhut d' aodach a chur ort an dèidh làimh.

Agus

- An dèidh tighinn a-mach às an uisge, tioramaich thu fhèin agus cuir ort tòrr aodaich cho luath 's a ghabhas. 'S e sin an dòigh as fheàrr airson fàs blàth a-rithist.

**Earrann 5****an cois Eacarsaich 7c. Dè fon ghrèin a th' ann an claiseachd?**

**Niall Iain:** Dè th' agad an sin, a Mharsaili?

**Marsaili:** Tha am foirm cead a fhuair sinn bho Miss Niclòmhair airson foghlam air a' bhlàr a-muigh.

**Niall Iain:** Huh, siud an e?

**Marsaili:** 'S e! Tha fadachd orm tòiseachadh! Nach eil thu a' coimhead air adhart ris?

**Niall Iain:** Airson an fhìrinn inns, chan eil mi ro dhèidheil air cur-seachadan air a' bhlàr a-muigh. B' fheàrr leamsa a bhith a-staigh a' cluich gheamannan coimpiùtair — blàth a-staigh seach blàr a-muigh!

**Marsaili:** Och siuthad, cha bhi fios agad gus am feuch thu air. Tha fhios gum bi rudeigin air an liosta a chòrdadh riut.

**Niall Iain:** Hmm...

**Marsaili:** Agus co-dhiù tha fhios gum biodh rud sam bith na b' fheàrr na bhith ann an clasaichean fad an latha.

**Niall Iain:** Uill ma chuireas tu mar sin e... Siuthad ma tha. Dè tha air an liosta?

- Marsaili:** Tha iomadh rud: Absèileadh, coiseachd-monaidh, claiseachd...
- Niall Iain:** Claiseachd? Dè fon ghrèin a th' ann an claiseachd?
- Marsaili:** Ma tha thu ri claiseachd, bidh thu a' coiseachd suas aibhnichean, a' streap chreagan agus a' leum a-steach dhan uisge.
- Niall Iain:** Ro fhliuch. A bheil dad eile ann?
- Marsaili:** Tha boghadaireachd ann. Mas toigh leat a bhith a' losgadh air rudan ann an geamannan coimpiùtair, 's mathaid gun còrdadh boghadaireachd riut.
- Niall Iain:** 'S mathaid gun còrdadh. Dad eile?
- Marsaili:** Sgitheadh?
- Niall Iain:** Ro fhuar.
- Marsaili:** Croitearachd?
- Niall Iain:** Ro shalach.
- Marsaili:** Rothaireachd-beinne?
- Niall Iain:** Ro chunnartach.
- Marsaili:** Snàmh fiadhaich?
- Niall Iain:** Dè? A bheil thu a' smaoinichadh gur e iasg a th' annam?
- Marsaili:** Dè mu dheidhinn marcachd?
- Niall Iain:** Chan fhuing mi eich.
- Marsaili:** Bòrd seasaimh?
- Niall Iain:** Bòrd seasaimh? Dè fon ghrèin a tha sin? *Bored standing?* B' fheàrr leamsa a bhith *bored* suidhe.
- Marsaili:** Och nach ist thu, amadain! Bòrd seasaimh. Tha e coltach ri canù ach bidh thu a' seasamh suas ann.
- Niall Iain:** Uill cha bhi mise!
- Marsaili:** Ceart, tha mise a' falbh. Dèan na thogras tu, ach tha mise air mo bhodhradh ag èisteachd riut fhèin is do chuid gearan!

## Earrann bhidio 2 an cois 8a. Camanachd nam Ban

### Pàirt A

#### Cuin a thòisich thu a' cluich iomain, Sarah?

Thòisich mi a' cluich iomain nuair a bha mi anns a' bhun-sgoil. Cha robh e cumanta idir do nigheanan a bhith a' cluich an uair sin, ach bha mi a' fuireach ann an coimhearsnachd bheag agus bha a' chlann a' dèanamh a h-uile rud còmhla. Mar sin, nuair a thòisich na gillean a' cluich iomain, bha mise ag iarraidh cluich cuideachd! Bha ceannard agus coidse sgoinneil againn agus bhiodh iad gar brosnachadh agus gar toirt gu farpaisean air feadh na h-Alba. Nuair a chaidh mi dhan àrd-sgoil, chùm mi orm a' cluich.

**Dè na rudan as toigh leat mu iomain nam ban?**

Tha iomadach rud ann. Is fìor thoigh leam an dùbhlàn fiosaigeach a tha iomain a' toirt dhomh. 'S e eacarsaich uabhasach math a th' ann.

A bharrachd air sin, is toigh leam a bhith a' cur seachad tìde còmhla ri mo charaidean. Nuair a chluicheas tu ann an sgioba mar seo, nì thu caraidean a bhios agad gu bràth. Bidh deagh chrac againn le chèile fad na tìde; aig treanadh, aig farpaisean agus a' siubhal gu geamaichean.

**Chaidh sgioba nam ban a chur air bhonn airson a' chiad uair anns a' bhliadhna dà mhìle. Ciamar a tha gèam nam ban air tighinn air adhart bhon uair sin?**

Rè ùine, tha iomain nam ban air fàs gu mòr. Tha a-nis barrachd sgiobaidhean ann agus tha ìre comais nan cluicheadairean air fàs fada nas fheàrr — a cheart cho math ris na fir! Tha mi a' coimhead air adhart gu mòr ris an àm ri teachd agus a' faicinn gèam nam ban a' fàs.

**Pàirt B****Dè an obair a th' agad?**

Tha mi nam obraiche-òigridh do nigheanan anns an sgìre agam. Bidh mi a' feuchainn ri nigheanan a bhrosnachadh gus pàirt a ghabhail ann am barrachd spòrs agus cur-seachadan. Ma tha nigheanan ag iarraidh spòrs ùr fheuchainn, nì mi mo dhìcheall sin a chur air dòigh dhaibh. Bidh sinn a' dèanamh iomadach rud inntinneach còmhla.

**Carson a tha spòrs cudromach?**

Tha spòrs cudromach airson iomadach adhbhar — chan ann a-mhàin airson eacarsaich agus slàinte-bodhaig. Tha spòrs math airson ar slàinte-inntinn cuideachd. A bharrachd air sin, ionnsaichidh tu iomadh sgil agus iomadh rud luachmhòr tro spòrs. Mar eisimpleir: a' bhith ag obair gu cruaidh, a bhith ag obair mar phàirt de sgioba, a bhith dealasach agus a bhith a' toirt urram agus spèis do dhaoine eile.

**Dè a' chomhairle a bheireadh tu do nigheanan òga eile?**

- Na bi a' smaoinichadh nach eil thu cho comasach ris na gillean! Tha thu a cheart cho math agus cho comasach riutha!
- Dèan do dhìcheall leis a h-uile rud a nì thu.
- Cùm ort a' feuchainn agus mu dheireadh thall nì thu an gnothach. Mar a chanas iad, *Chan ann leis a' chiad bhuille a thuiteas a' chraobh!*